



SEIRBHIS GHAIÐHLIG
ANN AN EAGLAIS NA MOINTICH
AIR 27mh DE'N IUCHAR 1986

SALM O m'anam beannaich thusa nis

An Dia Iehobhah mor;

Moladh gan ni an taobh stigh dhiom

'Ainm naomha mar is cor.

O m'anam, beannaich fein a nis

Iehobhah mor do Dhia;

Na dichuimhnich na tiodhlacan

A dheonuich dhuit an Triath.

'S e mhaiteas duit gu grasmhor caoin

Gach peacadh annad fein:

'S e bheir dhuit slaint', is furtachd fos,

O d'euslaingtibh gu leir.

Do bheatha fos o sgrios a bhais,

'Se dh'fhuasglas duit gu pait:

'S e chrunas thu le coron graidh,

'S le trocair chaoimh gun airc.

— — — — —

1. Biodh d'fhocal mar lochran a'treorach' mo cheum

Gu dorus na trocair mar dh'orduich thu fein;

O! fosgail gu luath dhomh 's mi bualadh 'nam fheum

'S mo chridhe lan uamhais nach buanaidh mi 'neamh.

Co-Sheirm 0, 'Thighearna, cuidich mi! 's aithne dhuit m'fheum;
Dean trocair air m'anam mu'm fannaich mo cheum;
O cuidich mi, Ios', air an t-slighe gu neamh
Le grasan do Spioraid 'tha sileadh su seamh.

'Sann dhomhsa 'bha 'm peacadh 'n a eallaich ro-throm

'S cha'n urrainn mi innseadh gach ni 'rinn mo chall;

Na'm faighinn-sa gras, cha'n e dail 'chuirinn ann.

Ach ghabhainn ri Iosa, 's ri iobairt, air ball.

Na'm faighinn-sa trocair le comhnadh a ghras.

Cha'n fhanainn 's an Eiphit ach dh'eirinn gun dail.

Air sgath fuli a chumhnaint 'us 'umhlachd 'n am ait;

Nach eisd Thu ri m'urnuigh, 's mi dluth air a bhas!

'Nuair 'ghlaodh mi le durachd ri ughdair mo shlaint'

Bha Aingeal a'chumhnaint ro dhluth dhomh gun dail;

'N sin dh'fhosgail mo shuilean le ungadh nan gras.

'Us chunnaic mi Iosa 'toirt dioladh 'n am ait.

2. Ged tha mi bochd 's an fhasach seo, tha ait agam an gloir,
A ghealladh dhomh le m'Shanuighear 'n uair bha e anns an fheoil
'S cha'n eagal leam gu'm failnich an gradh a thug E dhomh
'S toigh leam an seann seann sgeul sin.

An seann seann sgeul sin tha i daonnan nuadh

An seann seann sgeul sin mu fhulangas an Uain,

'Us mar chaidh Iosa cheusadh a shaoradh m'anam truagh,

'S toigh leam an seann seann sgeul sin.

Tha'r leam gu'm faich mi'n Shanuighear 's a gharadh 's E ri bron
'Us air a'chrann mar thairnichear a lamhan leis an ord,
So an sgeul is priseala, 's gu'n d'innseadh i le-Pol -
Is toigh leam an seann seann sgeul sin.

'S ged is buan an t-siorruidheachd, cha'n iarruinn-sa de ghloir
Ach suidhe sios fo sgaile 's an aite 's an robh Eoin,
Bha Muire greis 's an aite sin, 'n uair bha i anns an fheoil -
'S toigh leam an seann seann sgeul sin.

Tha'r leam gu'm faic mi'n t-aite sin, ged tha mi anns an fheoil
'S muinntir 'tha 'g a aiteachadh, an lathair Righ na gloir.
'Us trioblaidean an phasaich so, gu brath cha tig g'an coir -
'S toigh leam an seann seann sgeul sin.

Tha'r leam gu'n cluinn mi'n gairdeachas tha'n lathair Righ na
gloir
'S na naoimh a seinn air clarsaichean mu'n ghras a thug iad beo.
Nach sona bhi 'san aite sin, nuair dh'fhasgas sinn an fheoil -
'S toigh leam an seann seann sgeul sin.

3. Tha tir ann tha na's dealraich' no la
Tir a chi minn tre chreidimh o chein,
Oir tha'n Righ 'n sin 'na mhaise a ghnath
Chaidh a dh-ullach' dhuinn aite leis shein.

O'n sgeul ait, cha bhi fad

Gus an coinnich sinn thall air an trai'.

N uair a gheibh sinn ar cas air an traigh,

Canar leinn orain fhonnmor nan saoi,

'S biodh ar spiorad tur saor o gach craidh.

'S cha tig sgios 'thogail osnaich a chaoidh.

De ar n-Athair, tha fialaidh 's lan baigh

Bheir sinn cliu agus moladh gun chlos.

Airson Tiadhlac do-labhairt a'ghraidh,

'Us gach beannachd a shealbhaich sinn 'bos.

4. Iosa, gleidh mi dluth do'n chrann:
'S ann 'tha 'n tobar priseil
'Dh-fhosgail Dia airson na slogh, -
'N t-sruth 's am bheil an iocshlaint.

Anns a'chrann, anns a'chrann,
Biodh mo ghloir an comhnuidh,
Gus an ruig mi an taobh thall
'N fhois a ghealladh dhomhsa.

Dluth do'n chrann, 'us ormsa sgath,
Thainig gradh 'us trocair;
Dhealraich Reul-na-Maidne moich,
'S doille m'inntinn dh'fhogair.

Dluth do'n chrann, O, Uan mo Dhe!
Nochd dhomh 'shealladh aillidh;
Ceum air cheum, o la gu la,
Gleidh mi fo a sgaile.

Dluth do'n chrann bithidh mo thamh,
M'iarrtus, m'earbsa, m'aobhneas,
Gus an ruig mi traigh an oir,
Air taobh thall na h-aibhne.

— — — — —

5. O miorbhUIL grais! nach briagh an ceol;
'Se E lorg mi's mi air chall,
Air seachran dorch, gun neart gun treoir;
'S a dh'fosgail suilean dall.

'S e gras thug eolas dhomh air m'fheum.
'S e gras thug saors is sith,
'S cha cheannaicheadh or a'chruinne-che
'Cheud la bha fois 'nam chridh.

Tre iomadh cunnart 's trioblaid chruaidh
Thug E gu sabhailt mi.
An gras a shaor bho'n bhas le buaidh
Chan fhag 's cha treig su sior.

'San dachaidh bhuan gun uair gun tim
'S deich mile bliadhn' mar la
Cha sgur an ceol 's chan fhas iad sgith
A' seinn a chaoidh mun ghras.